





Na Klondykers

*Aonad-obrach airson fileantaich
aig Àrd-Ìre Adhartach*

"Guth ùr ann an rosg na Gàidhlig
- cumhachdach agus comasach ..."
Aonghas MacNeacail

Na Klondykers
IAIN F. MACLEOID



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

FILEANTA




Ro-ràdh

Anns an aonad seo, bidh thu a' freagairt cheistean agus a' beachdachadh air na puingean a leanas anns gach caibideil:



suidheachadh



plot



caractar



cànan



cuspair



Beachdachadh

Aig deireadh an aonaid seo , bidh thu a' sgrìobhadh lèirmheas air an sgeulachd. Bheir na freagairtean a sgrìobhas tu airson gach caibideil taic dhut ann a bhith a' sgrìobhadh an lèirmheis seo. Mar sin, tha e glè chudromach gum bi na ceistean seo air an deagh fhreagairt.



Bhiodh e feumail nam biodh tu a' sgrìobhadh geàrr-chunntas airson gach caibideil. Cumaibh notaichean air **feartan sònraichte** na sgeòil a ghlac d' aire, mar eisimpleir:

- Sgrìobhadair a' cleachdadair Beurla – “*Abair thusa icing on the cake*”. (td 13)
- Ìomhaighean làidir, “*Man bucas orainsearan a thuit air a chliathaich*”. (td 13)
- Còmhradh – tòrr fealla-dhà. Beurla/Gàidhlig. Dàimhean. Airgead.





Toiseach tòiseachaidh...

Anns a' chiad chaibideil tha sinn air ar tilgeil a-steach gu dà shuidheachadh a thug buaidh mhòr air Alba.

Bhiodh e feumail beagan eòlais a chur orra sin còmhla ris an tidsear ro-làimh airson deagh thugse fhaighinn air an eachdraidh agus air tachartasan a th' air an ainmeachadh san leabhar.

1. Dèan Obair A no Obair B

Obair A


- i. Ag obair ann an càraidean, dèanaibh rannsachadh air mòr-thubaist **Piper Alpha**.
- ii. Carson a bha obair na h-ola cho cudromach do shluagh agus do eaconamaidh nan Gàidheal?
- iii. Obraich còmhla ri sgoilearan eile a thagh **Obair A** agus dèanaibh coimeas air na fhuair gach càraig a-mach. Cuidichidh an tidseir sibh.
- iv. Dèanaibh taisbeanadh don chlas air fad leis an fhiosrachadh agaibh.

Obair B

- i. Ag obair ann an càraidean, dèanaibh rannsachadh air na **Klondykers**.
- ii. Dè an obair a bha iad a' dèanamh? Cò às a thàinig iad? Càit an robh iad ag obair?
- iii. Obraich còmhla ri sgoilearan eile a thagh obair B agus dèanaibh coimeas air na fhuair sibh a-mach.
- iv. Dèanaibh taisbeanadh don chlas air fad leis an fhiosrachadh agaibh.



Nuar a tha sibh ag èisteachd ris na buidhnean eile, dèanaibh notaichean agus faodaidh sibh ceistean fhaighneachd nuair a tha iad deiseil.



Roman candle an rig





**“Coltach ri sparkler, tha an rig na theine.
Tha na casan aige daddy-long-legs lùbte.”**

Caibideil 1



Caractar: Dòmhnull

1. Aig toiseach an leabhair, tha e mar gun robh an leughadair am broinn inntinn Dhòmhnaill. Tha an t-ùghdar a' cleachdadadh sgilean sgriobhaidh airson seo a shoilleireachadh dhuinn. Dè a' bhuaidh a tha seo a' toirt air na faireachdainnean agad? Dh'fhaodadh tu bualadh air structar seantans agus eile.
2. Dè chanadh tu mu staid inntinn Dhòmhnaill? (td 11-13)
3. Ciamar a tha thu a' faireachdann mu Dhòmhnull agus an seòrsa duine a th' ann?

Caractar: Teaghlaich Dhòmhnaill

4. Tha teaghlaich Dhòmhnaill aig cridhe na sgeòil. Dè an t-eòlas a tha againn orra seo?
 - a) Dòmhnull.
 - b) Iain.
 - c) Màthair Dhòmhnaill.
 - d) Athair Dhòmhnaill.
 - e) Leanne; Bean Dhòmhnaill.



Cànan

5. Tagh iomhaigh às a' chiad chaibideil a tha air leth èifeachdach, nad bheachd-sa.

Mìnich mar a tha an iomhaigh sin a' cur ris an sgeulachd.

6. Tro chaibideil a h-aon, dh'atharraich an suidheachadh gu math luath bho shuidheachadh uabhasach gu bhith aig fois aig an taigh.

Dè a' bhuaidh a tha aig taghadh-facail an ùghdair?

*“oidhche dhiabhalt, carson nach robh an aimsir nas fheàrr?”
“aon latha ciùin.”*

7. Bho fhìor thoiseach an leabhair, tha an t-ùghdar a' cleachdadadh dualchainnt, mar eisimpleir, air td 11:

“An ath mhionaid bha an talamh a’ critheadaich man cèidse pioghaid.”

Nad bheachd-sa, carson a tha an t-ùghdar a' dèanamh seo, agus dè a' bhuaidh a th' aig air an teacsá?

8. Aig amannan, tha an sgriobhadair a' cleachdadadh facail Bheurla, mar eisimpleir air td 12:

“Dè an seòrsa roghainn a tha seo? The Devil and the deep blue sea.”

Nad bheachd-sa, carson a tha seo iomchaidh (no mi-iomchaidh)? Thoir adhbharan airson do bheachd.

9. Am measg nam faclan Beurla a tha an t-ùghdar a' cleachdadadh, chì sinn an leithid “compensation”, “investigation” agus “inquest”.

Carson a tha t-ùghdar air na faclan seo a chleachdadadh ann am Beurla seach Gàidhlig, agus dè tha seo ag innse dhuinn mu dheidhinn suidheachadh Dhòmhnaill?



Plot

Leugh an geàrr-chunntas seo den chiad chaibideil:

“Dòmhnull air tilleadh beò (dìreach) à mòr-thubaist Piper Alpha. A’ feuchainn ri diochuimhneachadh le deoch, drogaichean is boireannaich.

Iain, bràthair Dhòmhnaill, dòchas a mhàthar, air an t-oilthigh fhàgail às dèidh bàs athar.

Dòmhnull, Iain is John D air bàt'-iasgaich athair D. is I.

Klondykers “Na bàtaichean cannery mòra Ruisseanach” anns a’ bhàgh air tòir èisg is airgid.”

A-nis, leugh an geàrr-chunntas air **duilleag-chùil an leabhair**.

Ciamar, agus carson, a tha an dà chunntas seo diofraichte?

10. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cum an cunntas cho ghoirid ’s a ghabhas.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal ainmneach** bho chaibideil 1.

an t-abhbhar (f)

am biadh (f)

am plèana (f)

- a) Lorg dà eisimpleir eile de ainmearan anns an tuiseal ainmneach (singilte agus fireann).
b) Bruidhniubh mar chlas agus mìninchibh an riaghait airson ainmearan fireann anns an tuiseal ainmneach.





“Am bàgh làn sholas, coltach ri Manhattan.
A h-uile seòrs’ duine. Frontier town.”



Caibideil 2

Suidheachadh

1. Thoir geàrr-chunntas air a' choimhearsnachd. Dh'fhaodadh tu bualadh air baile, obair (laghail is mi-laghail) agus sluagh. (*td 24-26*)
2. Tha an t-ùghdar a' cleachdad an fhacail "frontier town". Dèan beagan rannsachaidh air an abairt seo. Nad bheachd-sa, carson a tha e iomchaidh, no mi-iomchaidh, mar mhìneachadh?
3. A' smaoineachadh mu dheidhinn suidheachadh sòisealta, poilitigeach agus eaconamach air a' Ghàidhealtachd aig an àm seo (deireadh nan 80an). Dè an seòrsa atharrachaidhean a tha air tachairt agus ciamar a tha an t-ùghdar air seo a shoilleireachadh dhuinn?

“Chaidh am baile a thogail anns an oisean seo.

4. Carson a tha an t-ùghdar ag ràdh gun robh na Klondykers mar bhaile nuair a bha iad aig muir?
5. Tha an t-ùghdar a' dèanamh coimeas eadar am "frontier town" agus "Manhattan".

Carson a tha seo agus dè a' bhuaidh a bheir e air an leughadair?



Caractar

Jock

6. Dè an ceangal a bha eadar Jock agus na Ruisseanaich?
7. Dè tha Jock an dùil a dhèanamh?
8. Beachdaich air an eadar-dhealachadh eadar na tha Jock a' dèanamh agus na rudan as fheàrr leis a bhith a' dèanamh.

Sergei

9. "Bha e cho cruaidh ri tairsgeir". Nad bheachd fhèin, dè an seòrsa beatha a tha air a bhith aig Sergei a dh'fhàg e mar seo?

Johan

10. Dè an obair a bh' aig Johan?



Cànan

11. "Bha a' chuairt air slighe Dhamascuis air a grad-stad an dèidh dha aghaidh John D fhaicinn" (*td 30*).

Dè thachair air slighe Dhamascuis (anns a' Bhìoball: Galàtianaich 1:11-16) agus dè tha an seantans seo ag innse dhut mu nàdar Jock?



Plot

12. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cum an cunntas cho ghoirid's a ghabhas.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus boirenn) anns an **tuiseal ainmneach** bho chaibideil 2.

a' mhuir (b)

a' chlann-nighean (b)

an t-suaile (b)

- a) Lorg dà eisimpleir eile de ainmearan anns an tuiseal ainmneach (singilte agus boirenn).
- b) Bruidhnibh mar chlas agus mìninchibh an riaghait airson ainmearan boireann anns an tuiseal ainmneach.



“Na h-òrain a’ ciallachadh rudeigin diofraichte dha gach duine, gun diofar a bheil iad a’ tuigsinn neo nach eil. Thuig iad. Gaol. Cianalas. Gàireachdainn. Dachaigh.”

Caibideil 3



Cànan

1. Seall mar a tha an t-ùghdar a’ bruidhinn mu *gach duine* san t-seantans seo agus gam bogadh san sgeulachd.
2. Aig deireadh na caibideil (td 40) tha an t-ùghdar a’ cleachdad nam faclan “*Gaol. Cianalas. Gàireachdainn. Dachaigh*” Beachdaich air na tha na faclan seo a’ ciallachadh do chànan agus cultar sam bith. Nad bheachd-sa, a bheil cuideam sònraichte air na faclan seo anns a’ Ghàidhlig?
3. Tha an t-ùghdar a’ criochnachadh na caibideil (td 40) le sreath fhaclan air loidhnichean fa leth mar a leanas:
“Gaol.
Cianalas.
An cuan.
Gàire.
Dachaigh.
Beatha.”

Carson a tha seo, agus le bhith a’ smaoineachadh mu sgilean sgrìobhaidh, dè a’ bhuaidh a th’ aig seo air an leughadair?



Caractar

4. Tha na caractaran Anna, Hector agus London air nochdad a-nis. Dè an t-eòlas a th’ agad orra sin?
5. Smaoinich air na caractaran Hector agus Jock agus beachdaich air na dòighean anns a bheil iad coltach agus eu-coltach ri chèile.
6. Tha an caractar London a’ nochdad anns a’ chaibideil seo. Nad bheachd fhèin, carson a tha e a’ nochdad, cò e, agus dè a’ phàirt a tha aige an seo?

Beachdachadh

7. “Bha e dìreach a’ tuiteam ann an sgeamaichean, ge bith dè dhèanadh e”. (td 37)
 Tha am bun-bheachd seo a’ nochdad iomadh iomadh turas san sgeulachd.
 Lorg eisimpleirean eile agus beachdaich air mar a tha seo aig cnag na cùise.



Plot

8. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid ’s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal thabhartach** bho chaibideil 3.

anns a’ bhàr (f)

aig an taigh (f)

anns an t-saoghal mhòr (f)

- a) Lorg trì eisimpleirean de ainmearan eile anns an tuiseal thabhartach den ghnè fhireann.
- b) Sgrìobh na faclan gu h-àrd anns an **tuiseal ainmneach**.
- c) Mìnich na riaghailtean airson ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal thabhartach**. Faodaidh sibh seo obrachadh a-mach mar chlas.



“Willkommen, bienvenue, welcome!”

Caibideil 4



Cuspair

1. “1989. An ‘Cogadh Fuar’ aig àirde. Agus a-mach bho bhaile beag Gàidhealach tha cabhlach iongantach: ceudan de bhàtaichean-iascaich Ruiseanach.” (duilleag-chùil) Dèan beagan rannsachaidh air a’ Chogadh Fhuar. Dè a’ bhuaidh a bhiodh aige air muinntir na dùthcha seo?
Thoir sùil air an làrach-lìn seo: <https://www.bbc.co.uk/newsround/47122488>
2. Le bhith a’ smaoineachadh a-rithist air suidheachadh a’ Chogaidh Fhuair, dè na faireachdainean a bhiodh aig daoine agus iad am measg nan ‘nàmhaidean’?
3. Anns a’ chaibideil seo, tha daoine a’ feuchainn ri drochaidean a thogail eadar an dà choimhairsnachd; na Ruiseanach is na Gàidheil. Ciamar a tha fios againn air seo?



Caractar

4. Tha dà chàirdeas a’ tòiseachadh; eadar Vitali agus Jean; eadar Iain and Helena. Smaoinich mar a tha iad (a) coltach ri chèile agus (b) diofraichte bho chèile.
5. Tha sealladh iongantach againn air seòmar Vitali. Carson a tha an seòmar seo cho annasach agus carson a ghabh muinntir a’ bhaile iongantas ris?
6. Tha sinn air faicinn gu bheil iomadh caractar ag iarraidh gum bi buannachdan aca fhèin bho na Klondykers. Gu sònraichte, smaoinich air a’ charactar Jean. Dè na h-amasan a th’ aice airson buannachd fhaighinn bhon chuairt gu bàr Vitali?
7. Tha sinn air faighinn a-mach gun robh Iain air a bhith uair san oilthigh. Carson a tha muinntir na coimhairsnachd a’ coimhead air ann an dòigh eadar-dhealaichte ri linn seo? Tog fianais bhon teacsa.
8. Tha an t-ùghdar a’ bruidhinn air na Klondykers mar choimhairsnachd. Nad bheachd fhèin, dè tha ann an ‘coimhairsnachd’?



Plot

Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid ’s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus boireann) anns an **tuiseal roimhearrach** bho chaibideil 4.

air an
sgeulachd (b)

anns an dòigh (f)

air a làimh (f)

- a) Feuch ri eisimpleirean eile de dh’ainmearan anns an tuiseal roimhearrach den ghnè fhireann a lorg.
- b) Sgrìobh na faclan gu h-àrd anns an **tuiseal ainmneach**.
- c) Mìnich na riaghailtean airson ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal roimhearrach**. Faodaidh sibh seo obrachadh a-mach mar chlas.



“Seallaidh i dhut man a nì thu spin cycle.”

Caibideil 5



Cànan

1. Tha an sgríobhadair a' cleachdadhaidh cànan caran mì-mhodhail uaireannan, mar eisimpleir, “*Sliasaidean orra man weight-lifters*” (td 68) no “*Chòrd e rium a bhith a' marcadh na tè ud*” (td 68).
 - A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil seo iomchaidh?
 - Thoir adhbharan airson do bharail.
 - 'S dòcha gum bi beachdan eadar-dhealaichte aig daoine eile sa chlas. Dèanaibh còmhradh air na diofar bheachdan sin.



Cuspair

2. Thug na Klondykers buaidh mhòr air eaonamaidh na sgìre agus mar sin air gach duine san sgìre:

“Bha John a' smaoineachadh air a' bhàr aige làn Ruisseanach, ag òl agus ag ithe. Na tills a' dol. Dh'fheumadh e fridse ùr a cheannach airson a' bhodka a chumail fuar” (d 68).

- Smaoinich air an t-seòrsa malairt a bha a' dol air adhart agus a' bhuaidh a bh' aig a sin air a' bhaile agus air sgire Ghàidhealach.
- Smaoinich air an t-sannt a dh'adhbharaich e .
- Dèan coimeas eadar an suidheachadh seo agus coimhearsnachdan àbhaisteach na Gàidhealtachd anns na deicheadan a bha roimhe far am biodh iad a' cuideachadh càch a chèile, agus a' coimhead a-mach airson math na coimhearsnachd.
- A bheil buaidh eaonamach air an sgìre agad fhèin a tha a' nochdadh air sgàth 's gniomhachas sònraichte bho thall-thairis?
- Beachdaich air cho cudromach 's a tha seo, agus cuideachd air dè cho sgileil, onarach 's a tha e.



Caractar:

Dòmhnall

3. Coimhead air td 68, “Bha Dòmhnall a' bruidhinn...” gu deireadh td 72.
Tha Dòmhnall làn dheth fhèin.
Dèan liosta de ainmearan is buadhairean a tha, nad bheachd-sa, freagarrach air Dòmhnall (slòmaire, mar sin air adhart).
4. Nad bheachd-sa, an robh Dòmhnall riamh mar seo? Mìnich a' bhuaidh a thug mòr-thubaist Piper Alpha air.
5. Nad bheachd fhèin, an e leisgeul, no dìreach mìneachadh, no fiù 's eadar an dà chuid a tha seo airson mar a tha e ga ghiùlan fhèin? Thoir adhbharan airson do bheachdan.



Plot

6. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal ghinideach** bho chaibideil 5.

muin bùird (f)

muinnitir
a' bhaile (f)

sgiofair
an sgioba (f)

- a) Feuch ri eisimpleirean eile de dh'ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal ghinideach** a lorg.
- b) Mìnich mar a tha na faclan seo air atharrachadh bhon **tuiseal ainmneach**.
- c) Mìnich na riaghailtean airson ainmearan (singilte agus fireann) anns an **tuiseal ghinideach**. Faodaidh sibh seo obrachadh a-mach mar chlas.



“S mathaid a-nochd gu faigh mi mo
Phrince Charming.”

Caibideil 6



Caractar

Helena

- Tha a' chaibideil seo gu ìre mhòr mu Helena. Thoir geàrr-chunntas air a' chaibideil.
Dèan iomradh air:

- Cò às a tha Helena?
- Carson a tha i air a' Khlondyker?
- Dè na faireachdainnean a tha aice?
- Dè an seòrsa suidheachaidh a dh'fhàg i air a cùlaibh ann am Moscow?
- Dè tha i an dùil a dhèanamh nuair a thilleas i gu Moscow?
- Dè an seòrsa nighinn a th' innte?
- Am bu toigh leatsa Helena a bhith na bana-charaid dhut?



Plot

- Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair anns a' chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



Cuspair

- Bhon uair sin, tha tòrr in-imrichean air tighinn don dùthaich seo a' sireadh obair. Bruidhinnibh sa chlas air carson a tha iad airson tighinn, a' bhuaidh a th' aig a seo air an dùthaich agus air na h-in-imrichean fhèin.
- Sgrìobh aiste bheachdail air na buannachdan agus na duilgheadasna tha an lùib a bhith a' teicheadh às an dùthaich agad fhèin gu dùthaich eile airson beatha ùr. Faodaidh tu gabhail a-steach Siria agus na Fuadaichean.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (singilte agus boireann) anns an **tuiseal ghinideach** bho chaibideil 6.

airson
ùine mhòir (b)

fad na
h-oidhche (b)

Air sgàth
na trafaig (b)

- Feuch ri eisimpleirean eile de dh'ainmearan (singilte agus boireann) anns an **tuiseal ghinideach** a lorg.
- Mìnich mar a tha na faclan seo air atharrachadh bhon tuiseal ainmneach.
- Mìnich na riaghailtean airson ainmearan (singilte agus boireann) anns an **tuiseal ghinideach**. Faodaidh sibh seo obrachadh a-mach mar chlas.



“Dhìse’s e business a bh’ ann, agus ‘s e actress mhath a bh’ innte.”

Caibideil 7



Caractar

Johan

1. Chunnaic sinn mu thràth rèiteachadh eadar daoine air sgàth airgead; Dòmhnull, Jock, Helena agus a-nis Johan. Ciamar a tha iad sin uile coltach ri chèile?
2. Tha an t-ùghdar air an dà charactar bhoireann a thoirt gu d’aire gu ruige seo san leabhar. Minich mar a tha an dithis sin cho diofraichte bho chèile a thaobh moraltachd. Cleachd fianais bhon teacsá.
3. Ged a bha beatha agus suidheachadh Helena duilich, cha deach i chun na h-ìre chun an deach Johan, aig an robh beatha fhurasta an taca rithe. Beachdaich air carson a bha seo.



Cuspair

4. “Bha i sgìth dhan obair seo, a bu lugh’ oirre. Bha i ag iarraidh stad ach bha aon rud a bha math mu dheidhinn. An t-airgead.” (td 83)

Tagh seantans no dhà às a’ chaibideil seo a tha a’ soilleireachadh inntinn

- a) Sergei
- b) Jock
- c) John D.

5. Smaoinich air an dàimh a bha eadar Helena agus a màthair agus an dòigh anns an deach Johan agus John D a thogail. An robh spèis aca dha màthair?
6. Smaoinich a-nis air mar a chaidh do thogail fhèin.

A bheil e air buaidh a thoirt ort, no an e na dh’ionnsaicheas tu nad bheatha as cudromaiche?



Beachdachadh

7. Nad bheachd-sa, dè na ceistean a tha an leabhar a’ togail a thaobh beòshlaint, malairt agus moraltachd?
8. Dè nam biodh tu fhèin ann an suidheachadh far am feumadh tu rudeigin mì-laghail no cunnartach a dhèanamh air sgàth’s gun robh feum agad fhèin, no aig do theaghlaich, air airgead?

Dèan còmhradh ris an tidsear agus càch sa chlas air na diofar smuaintean agus bheachdan a th’ agaibh air a’ chuspair chonnspaideach seo.



Plot

9. Dè na dòighean anns a bheil suidheachadh Helena agus suidheachadh Johan coltach agus eu-coltach?

Plot

10. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cum an cunntas cho ghoirid’s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Seo eisimpleirean ainmearan (iolra, de gach gnè) anns an **tuiséal ghinideach** bho chaibideil 7.

fuaim nan
ràmh (f)

Teas nam
buillean (b)

- a) Dè tha thu a’ mothachadh mu ainmnearan iolra anns an **tuiséal ghinideach**?
- b) Minich mar a tha na faclan seo air atharrachadh bhon **tuiséal ainmneach**.



**“Dh’fhairich e a h-anail blàth,
faisg air.”**

Caibideil 8



Cànan

- Tha a' chaibideil seo air a briseadh ann an trì earrainnean. Carson a tha seo freagarrach?



Plot

- “Smaoinich Hector air cho furasta ’s a bha e toirt air daoine rudan a dhèanamh nam biodh fàileadhan airgid timcheall orra” (td 110).

Dèan iomradh air suidheachaidhean eile anns an leabhar far a bheil seo fior cuideachd.

- Dè tha Hector ag iarraidh air Jock a dhèanamh?

- Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



Caractar

Athair lain

- Dè thachair do athair lain agus dè a' bhuidh a thug sin air an sgeulachd?

Helena

- Dè an t-eòlas ùr a th' agad air Helena a-nis?
- Bha Helena air a bhith 18 mìosan air a' bhàta. Beachdaich air carson a thug e 18 mìosan mus tàinig luchd-obrach nan Klondykers gu tìr sa bhaile.
- Tog gu sònraichte air an diofar eadar lain agus Helena. Bha an cothrom aigesan a dhol dhan oilthigh. Roghnaich e an t-oilthigh fhàgail. Bha leisgeul aige gun do bhàsaich athair. Ciamar a tha an dà shuidheachadh coltach agus eu-coltach?
- Dè do bheachd air na faireachdainnean a bha aig Helena mu dheidhinn seo, le bhith a' smaoineachdh air cho duilich 's a bha e dhìse a dhol dhan oilthigh.
- Dè am beachd a bh' aice air lain, ged a bha i air a tàladh thuige ann an dòighean eile? Mìnich na neartan anns a' charactar aig lain a bha tarringeach do Helena.
- “Mar as mothà a dh’obraicheas mi ’s ann as mothà a dh’airgead a nì mi, agus gheibh mi dhachaigh nas luaithe” (td 99)

'S e boireannach dìcheallach a th' ann an Helena. Ciamar a tha seo diofraichte bho

- Jock
- lain?



Beachdachadh

- Leugh duilleagan 112-114. Cò an caractar as treasa anns a' chàirdeas eadar Helena is lain. Mìnich do roghainn.
- Tha iomadh dàimh anns an leabhar a tha neo-ionann a thaobh neart caractar, neart cumhachd, neart lèirsinn agus mar sin air adhart. Tagh eisimpleirean bhon teacsa agus mìnich mar a tha iad nan deagh eisimpleirean de neo-ionannachd.

Oisean a' Ghràmair

Le bhith a' smaoineachadh mun tuiseal għinideach (iolra, singilte, boireann no fireann) dè b' urrainn dhut a ràdh mu dheidhinn nan co-theacsachean far an nochd e? Lorg eisimpleirean ann an caibideil 8 airson do chuideachadh.



“Tha i fhèin is Vitali an sàs ann an ... ciamar a chanadh tu e ... cultural exchange, tha mi smaointinn.”

Caibideil 9



Plot

1. Tha atharrachadh mòr air tighinn air an sgeulachd. Tha suidheachaidhean air èirigh a tha a' cur dragh air na caractaran. Carson a tha e a' cur dragh air Dòmhnaill gun robh silidh Bulgarianach aig a mhac Seumas? (td 119)
2. Beachdaich beagan air buaidh na dighe (deoch) air na caractaran agus mar a bheir e gu follais droch nàdar agus aimhreit.
3. Dèan coimeas eadar an dannsa agus seòmar Vitali air a' bhàta, far an robh deoch ga gabhail cuideachd.
4. Beachdaich air John D. Tha eisimpleir an seo air caractar a' fàs, ged nach ann ann an deagh dhòigh. Fhuair sinn beachd gu math soilleir air gach caractar eile bho thùs. An robh e follaiseach nuair a choinnich sinn ris gur e seo an caractar a bh' aige? Saoil carson nach do sheall an t-ùghdar seo dhuinn?
5. Smaoinich air suidheachaidhean eile san t-saoghal far a bheil sgaradh eadar coimhlearsnachdan agus dè na h-adhbharan a th' air a chùl. Sgrìobh eisimpleirean.
6. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



Cànan

7. Tha còmhradh ga chleachdad gu h-èifeachdad air feadh an leabhair. Coimhead air an earrann (td 125-126):

Tha sin airson nighean fhàgail a-muigh air an steep. Bhastair bhig a tha thu ann...Chì sinn. Seo, gabh deoch.

Cleachd an earrann seo no earrann iomchaidh eile às an leabhar airson beachdachadh, mar chlas, air mar a tha còmhradh èifeachdad airson :

- a) buaidh fiorachd a chur ris an sgeulachd
- b) leughadh a dhèanamh nas phasa
- c) caractaran a shoilleireachadh dhuinn
- d) cagairean innse dhut
- e) dàimhean fhoillseachadh
- f) cùl sgeulachd fhoillseachadh
- g) sgeulachd a thoirt air adhart
- h) còmhstria dhoimhneachadh

Oisean a' Ghràmair

Seall air na h-eisimpleirean bho chaibideil 9 gu h-iseal:

gan cur fhèin
ceart... (td 123)

Tha iad ga
dhèanamh...
(td 120)

- a) Mìnich na tha a' tachairt anns na h-abairtean seo.
- b) Mìnich mar a dh'obraicheadh seo le riochdairean eile.



**“Bha i daonna ann.
Cha robh sin ag atharrachadh.”**

Caibideil 10



Caractar

1. Carson a thuirt Dòmhnull “*Tha girlfriend ùr aig Iain*” nuair a thuirt e e?
2. Carson nach robh a mhàthair dìreach toilichte leis an dàimh eadar Iain agus Helena?
3. Dè chanadh tu mun dàimh eadar Dòmhnull is Iain?
4. Dè chanadh tu mun dàimh eadar iad fhèin agus am màthair?



Plot

5. Carson a dh’fheumas iad tilleadh gu muir?
6. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid’s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Seall air na h-eisimpleirean bho chaibideil 10 gu h-ìseal:



...air fhàgail **na**
bhroinn... (td 138)

...a’ tighinn
air ais **nad** anam.
(td 140)

- a) Mìnich na tha a’ tachairt anns na h-abairtean seo.
- b) Mìnich mar a dh’obraicheadh seo le riochdairean eile.





“Ach chan e càil serious a bh’ ann. ...
’S e! ’S e rud serious a bh’ ann.”

Caibideil 11



Caractar Dòmhnull

- Dè tha an seantans “Ach chan e càil serious a bh’ ann” ag innse mu charactar Dhòmhnull?
- Dèan geàrr-chunntas air an dol a-mach air a bheil iad a’ bruidhinn.

Leanne

- “Agus dè cho fad’ s a tha an carry-on a’ dol a sheasamh? Thuirt e. Cho fad’ s a tha mi ag iarraidh.” (td 156).*

- a) Dè an seòrsa caractar a th’ ann an Leanne?
- b) Carson a tha i a’ làimhseachadh na cùis mar a tha i? Beachdaich air na faireachdainean aice. Smaoinich air na diofar dhòighean anns a bheil i fhèin agus Dòmhnull a’ faicinn an t-suidheachaidh aca.
- c) A bheil Dòmhnull dìreach a’ smaoineachadh air fhèin agus a bheil Leanne a’ cur na faireachdainn aice fhèin ro shuidheachadh na cloinne?
- d) Carson, nad bheachd fhèin, nach tug an t-ùghdar a’ chlann a-steach nan carctaran?



Suidheachadh

- A’ smaoineachadh air structar an leabhair, carson a tha an darna pìos den chaibideil seo cudromach?



Plot

- Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cum an cuntas cho ghoirid ‘s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Tha iomadh eisimpleir den tràth chaithte anns an leabhar. Seo trì dhiubh bho chaibideil 11 mar a leanas:

dh’fhosgail an doras gu bras.

ruith Dòmhnull a làmh thairis air aghaidh.

Dh’fhairich Dòmhnull snaidhm na stamag.

- Nan cleachdadadh an t-ùghdar cruth eile airson an tràtha chaithte mar a leanas, am biodh an aon chiall ann? Mìnich an diofar eadar an dà chruth.
 - Bha an doras a’ fosgladh gu bras.
 - Bha Dòmhnull a’ ruith a làmh thairis air aghaidh.
 - Bha Dòmhnull a’ faireachdainn snaidhm na stamag.

Mura h-eil thu air an leabhar air fad a leughadh fhathast, feumaidh tu a-nis!



“Dh’fhosgail Iain an uinneag: bha an èadhar blàth, ach blas a’ gheamhraidh ann.”

Caibideil 12



Plot

1. Dèan rannsachadh air sgeulachd Ailein Duinn. Èist ris an òran an seo: <https://youtu.be/8LI-7j0Hs9M?si=EO3gkgXe3c-ql478>
2. Tha iomadh eisimpleir de **mhanadh** no **ro-shealladh** a’ nochdadh anns a’ chaibideil seo. Dè th’ annta?
Ma choimheadas tu air ais air na caibideilean eile, chì thu tuilleadh eisimpleirean.
3. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoidrid ’s a ghabhas.



Cuspair

4. “Gaol agus Bàs. Cha bhi litreachas ann às an aonais!”

A bheil thu ag aontachadh ris an t-seantans seo?

Beachdaich, agus cleachd fianais bho litreachas eile a tha thu air a leughadh, airson taic a chur ri do bheachd.

Oisean a’ Ghràmair

Seo eisimpleirean den tràth theachdail bho chaibideil 12:

Bidh i a’ dol
dhan leabaidh...
(td 165)

Carson a bhios
iad a’ dèanamh
sin? (td 165)

Ann an co-theacsa na caibideil, mìnich a’ chiall seo. A bheil e a-mach air rudeigin anns an àm ri teachd, no a bheil ciall eile ann?



Caibideil 13



Cuspair

1. “Bha thu a’ cur earbsa ann an daoine, uaireannan gun a bhith eòlach orra ann an dòigh sam bith. Air neo mar a thòisicheadh tu air rud agus gun fhios agad ciamar a chuireadh tu stad air; bha na bha an dàm dhut a’ dol a thachairt” (td 172).

Cò aig a bha an smuain seo? Dè tha an earrann seo ag innse dhuinn mun charactar a tha ga ràdh?

2. “Bha thu a’ cur earbsa ann an daoine, uaireannan gun a bhith eòlach orra ann an dòigh sam bith.”

Tagh eisimpleir den seo às an leabhar agus beachdaich air.

3. “mar a thòisicheadh tu air rud agus gun fhios agad ciamar a chuireadh tu stad air” .

Tagh eisimpleir den seo às an leabhar agus beachdaich air.

4. “bha na bha an dàm dhut a’ dol a thachairt”.

A bheil thu ag aontachadh ris na briathran seo no a bheil thu den bheachd gu bheil na roghainnean a tha neach a’ dèanamh nam beatha nas cudromaiche?

5. “honour among thieves.”

Mìnich carson a tha an abairt seo iomchaidh ann an suidheachadh an leabhair.



Plot

6. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid ’s a ghabhas.

Oisean a’ Ghràmair

Seo eisimpleir den tràth teachdail bho chaibideil 13 mar a leanas:

Dè nì mise?
(td 180)

Bruidhnidh
mise ri Sergei.
(td 180)

Gheibh mi
a-mach dè
thachair. (td 180)

Nan cleachadh an t-ùghdar an cruth a leanas airson an tràth theachdail, am biodh an aon chiall ann? Mìnich an diofar eadar an dà chruth.

- a) Dè bhios mise a’ dèanamh?
- b) Bidh mise a’ bruidhinn ri Sergei.
- c) Bidh mi a’ faighinn a-mach dè thachair.



“Rinn e fuaim iosal nuair a
bhual an sgian e.”

Caibideil 14



Suidheachadh

- Ged a tha fhios againne far a bheil an sgeulachd stèidhichte, cha tug an sgrìobhadair ainm air a' bhaile no air àite sam bith anns an sgeulachd.

Saoil Carson nach do rinn e sin?



Plot

- Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid's a ghabhas.
- A thaobh a' phlot, Carson a bha e cudromach gun robh tachartas mar bhanais ann?
- Leugh duilleagan 203-204.
Dè do bheachd air cò rinn e?
Co leis a tha am bàta?



Caractar

Vitali

- Tha ùghdarras agus spèis aig Vitali bhon dà choimhairsnachd; na Ruisseanaich is na h-Albannaich. Ciamar a choisinn e a chliù?

Jean

- Dè an t-atharrachadh a thug Vitali air Jean?

Dòmhnull & Johan

- Dè tha na thachair eatarra ag ràdh mun deidhinn fhèin mar charactaran?

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean den tràth chumhach bho chaibideil 14 mar a leanas:

Chan èisteadh e ri
Dòmhnull (td 182)

Ghabhadh e tè no
dhà agus
dhiochuimhnicheadh
e a h-uile càil. (td 183)

Dh'itheadh tu
baidhsagal **nan**
cuireadh cuideigin fear
air do bheulaibh. (td 184)

- Dè an tràth anns a bheil na gniomhairean seo?
- Sgrìobh eisimpleir no dhà den tràth seo le gniomhairean eile.



**“Na Ruiseanaich ag ràdh rudeigin mu dheidhinn
electrics agus na locals ag ràdh nach robh fios
aca air càil.”**

Caibideil 15



Caractar

1. Tha an dàimh eadar Helena is Iain air gluasad air adhart. Ciamar?
2. Dè an dàimh a tha eadar Johan is John D?
3. Smaoinich air an dàimh eadar Helena agus Iain agus an dàimh eadar am baile agus na Ruiseanaich. Dè na dòighean anns a bheil iad coltach agus eu-coltach ri chèile?



Cànan

4. Tha an t-ùghdar a' gluasad bho bhith trom gu bhith aotrom, gu tric san leabhar.

Dè na cleasan sgrìobhaidh a tha e a' cleachdadadh gus sin a thaisbeanadh dhut?



Plot

5. “cha mhòr nach robh an seusan seachad, an aimsir dìreach rud beag ro dhona” (duilleagan 207-208). Cò aige a bha an smuain seo?
6. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



Cuspair

7. “Tha mi dìreach... chan eil mi smaoineachadh gum bu chòir dhuinn a dhol a-mach. Bha dùil agam gu robh sinn deiseil airson na bliadhna sa? Iain, tha fios agad Carson a tha sinn a' dol a-mach: feumaidh sinn John D fhaighinn air falbh airson treis” (td 218)
Tha Dòmhnaill a' gabhail brath air Iain airson na tha e fhèin ag iarrайдh fhaighinn. Dè tha seo ag ràdh mu charactar
 - a) Dhòmhnaill
 - b) Iain?
8. Carson a tha Dòmhnaill cho cinnteach gum feum e John D a chuideachadh mar seo?
9. A bheil ceangal aig a seo ri mar a thachair do charaidean ann am Piper Alpha?
10. Dè na faireachdainnean a tha a' gluasad Dhòmhnaill?
11. Dè tha seo ag ràdh mu Dhòmhnaill?
12. A bheil e a' cur feumalachdan John D ro fheumalachdan Iain?
13. Tha teannachas air a bhith san leabhar bhon fhior thoiseach, ach a-nis tha an t-ùghdar ga thoirt gu ìre nas àirde buileach.

Lorg eisimpleirean anns a' chaibideil seo a tha a' dùsgadh theagamhan AGUS iomagain annadsa.

[Na diochuimhnich ceist 14 air duilleag 19!]

14. Tha a' chaibideil a' criochnachadh leis na facail:
“*Cha robh sgeul orra*” (td 221).
Seall mar a tha an seantans seo a' coimhead air ais agus air adhart.

Oisean a' Ghràmair

a) Lorg eisimpleirean de ghnìomhairean neo-riaghailteach anns an tràth chaithe a nochd ann an caibideil 15 airson an liosta a leanas:

Abair	Faigh
Cluinn	Rach
Faic	Thig





"Agus seo am pay-day aige."

Caibideil 16



Caractar

Jock

1. Ged as e amadan a th' ann an Jock, tha an t-ùghdar a' toirt oirnn faireachdainn duilich air a shon. Ciamar a tha e a' dèanamh seo?
2. Nad bheachd-sa, a bheil sgeulachd Jock a' cur ri èifeachdas na sgeulachd no a' dèanamh dìmeas oirre? Minich carson.




Plot

3. Ciamar a tha thu fhèin a' faireachdainn mun litir a bh' ann am pòcaid Jock bho lain?
4. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean a nochdas ann an Caibideil 16. Sgrìobh an tuiseal anns an do nochd iad agus mìnich mar a tha fios agad.

- a) An t-iongnadh (td 223)
- b) às a' bhaile (td 224)
- c) tòrr obrach (td 225)





“Seo a-nis. Safe and sound.”

Caibideil 17



Cànan

- “Chuir John D a làmh a-mach gu aon taobh agus dhòirt e na bh’ air fhàgail anns a’ chana aige dhan mhuir”.

“Beannachd do Sheonaidh. Beannachd do Dhia an abachaидh” (td 233)

Gu tric, tha cleachdaidhean saobh-chràbhach aig daoine nuair a tha iad ann an suidheachaidhean cunnartach no nuair a tha iad feumach air cuideachadh. Tha seòladairean buailteach a bhith a’ dèanamh rudan mar seo.

An urrainn dhut smaoineachadh air eisimpleirean eile anns an leabhar?

Carson a rinn John D e an-dràsta?



Caractar

- “S e am boireannach ud a shàbhail e. Aig Dia a fios dè bha e a’ dèanamh a’ bidsigeadh timcheall mar a bha e.” (td 236)

Tha sinn air iomadh eisimpleir de bhoireannaich làidir fhaicinn; Peigi; Helena; Leanne; fiù ’s Johan ann an dòigh.

Tagh aon bhoireannach agus cruinnich nas urrainn dhut de fhiosrachadh mu a deidhinn.



Suidheachadh

- a) Dè chanadh tu mun t-suidheachadh anns a bheil Dòmhnull, Iain is John D?
b) Coimhead air an t-seantans “Seo a-nis. Safe and sound” (td 234). Beachdaich air neart nam briathran seo.



Plot

- Chaidh Helena a dh’fhaicinn Peigi. Carson? Ciamar a dh’atharraich na smuaintean a bh’ aig Peigi mu Helena?
- “Bha aice ri bruidhinn ris cho luath ’s a ghabhadh” (td 245)
Carson, nad bheachd-sa, a bha Helena ann a leithid de chabhag a’ dol a bhruidhinn ri Iain?
- Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid ’s a ghabhas.



Cuspair

- “Fuaim nan daoine agus iad a’ sreap a’ bhalla dhathte” (td 246).
Dè am balla agus carson a bha na bha a’ tachart air leth sònraichte?
- Tha fios aig Helena gum bi cùisean poilitigeach san Ruis ag atharrachadh gu mòr. Dè an diofar a nì seo
a) oirre fhèin
b) air na Klondykers
c) air a’ bhaile?

Oisean a’ Ghràmair

Seall air na h-eisimpleirean de ghnìomhair neo-riaghailteach seo a nochd anns a’ chaibideil seo. Dè an tràth anns a bheil na gniomhairean seo?

gheibheadh (td 233)
mun deigheadh (td 234)

dh’fheumadh (td 236)
gu faigheadh (td 237)



“Na suidhe man isean mì-chùramach ann an rathad nan làraidhean mòra bha tighinn.”

Caibideil 18



Caractar

Leugh a' chiad earrann (td 248-252).

1. Mìnich mar a tha na sgeulachdan aig Sergei, Hector agus Jock air tighinn gu co-dhùnadadh.
2. Seall mar a tha Dòmhnull air atharrachadh gu tur.



Cànan

3. “Sin an trèanadh a fhuair e, ‘s mathaid...’s ann as fheàrr.” (td 249)

Dè na cleasan sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadhs anns an earrainn seo?

Beachdaich air a seo agus mìnich mar a tha seo èifeachdach nad bheachd-sa.



Suidheachadh

4. “Chitheadh tu solas ann an taigh fiù 's. Taigh beag thall an siud. Cuideigin ag èirigh airson a chuid bracaist. A' leughadh pàipear-naidheachd. Cuideigin a' faighinn pòg bho bhean” (td 259).

Mìnich carson a tha an earrann seo an seo. Thalla air ais chun a' chiad chaibideil is lorg eisimpleir eile far a bheil an sgrìobhadair a' dèanamh an aon seòrsa rud. Carson a tha an cleachdadhs freagarrach an sin?



Plot

5. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.

Oisean a' Ghràmair

Seo eisimpleirean de roimhearan fillte bho chaibideil 20 mar a leanas:

airson a'
chuideachaidh
(td 270)

an dèidh na
stoirmé moíre
(td 271)

air aghaidh an
uisge (td 217)

- a) Am faic sibh pàtran sam bith anns na faclan a leanas na roimhearan fillte? Feuch am mìnich thu na tha a' tachairt.



“Am bradan a’ snàmh a-rithist.”

Caibideil 19

Plot

1. Carson a tha na tha a' tachairt ri lain gu h-àraidh duilich?
2. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.

Cànan

3. *Dh'fhaireadh Dòmhnaill an cuideam os a chionn, ciont, man clach liath gun tràcair.*
(td 265).

Dèan coimeas eadar an ìomhaigheachd anns a' chaibideil seo agus anns a' chiad chaibideil.

Beachdaich air cho soirbheachail/làidir/èifeachdach 's a tha iad.

Cuspair

4. Ciamar a tha an càirdeas eadar am baile agus na Ruisearnaich air atharrachadh?

Oisean a' Ghràmair

Seo dà eisimpleir roimhearan fillte le riochdair bho chaibideil 19:

na bhroinn
(td 261)

os an cionn
(td 263)

- a) Sgrìobh na roimhearan fillte gu-àrd às aonais riochdairean.
- b) Sgrìobh na roimhearan fillte gu h-àrd leis na roichdairean eile.

Caibideil 20



Bidh am pìos-obrach a leanas air a chleachdad mar mheasadh leughaidh.

Feuch, mar sin, gum bi na freagairtean agad aig an ìre as àirde.



Leugh a' chaibideil seo agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd fianais bhon chaibideil nad fhreagairtean.



Plot

1. Dè rinn na Ruisseanaich airson cùisean a chur ceart?
2. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



Suidheachadh

3. Mìnich na dòighean anns a bheil tiodhlacadh lain cho Gàidhealach.



Caractar

4. Dè an naidheachd a thug Helena do Pheigi?
5. Dèan iomradh air mar a tha iad a' faireachdann mu dheidhinn a chèile.



Cuspair

6. Thig atharrachadh air an dà choimhairsnachd – am baile agus na Ruisseanaich. Seall mar a tha àm nan klondykers seachad.
7. Le seo nad inntinn, beachdaich air a' chuspair gu bheil Helena trom. Ciamar a tha seo a' dèanamh atharrachadh aig deireadh na sgeulachd?



Cànan

8. Le bhith a' sgrùdadadh na caibidil gu lèir, mìnich na cleasan sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a' cur an cèill. Thoir eisimpleirean is mìnich mar a tha iad a' toirt buaidh air a' chaibideil agus air an leabhar air fad.



Beachdachadh

9. "Air a' chiad latha dhan Dùblachd, 1989, shoidhnig Gorbachov agus President Bush pìos pàipear ag aontachadh gu robh an Cogadh Fuar seachad" (td 273).

Beachdaich air cho cudromach 's a tha e dhan nobhail gur e suidheachadh eachdraidheil a bh' ann.

Epilogue



Bidh am pìos-obrach a leanas air a chleachdad mar mheasadh èisteachd.

Feuch, mar sin, gum bi na freagairtean agad aig an ìre as àirde.

Èist ris a' chaibideil seo.



Faodaidh tu am faidhle a stad aig àm sam bith agus èisteachd ris cho tric 's a thogras tu.

Freagair na ceistean a leanas.



suidheadadh

Suidheadadh

1. Dè an latha air a bheil Peigi a' cuimhneachadh?
2. Dè tha i a' dèanamh?



caractar

Caractar

3. Ciamar a bha Peigi a' faireachdann anns a' cheathramh paragraf den chaibideil seo?
4. Dè b' adhbhar airson nam faireachdainnean seo?



plot

Plot

5. Carson nach robh fios aig Peigi gun robh iad Iain agus Helena a' tighinn?
6. Carson a thàinig iad aig an àm ud?
7. Sgrìobh geàrr-chunntas air na thachair sa chaibideil seo ach cùm an cunntas cho ghoirid 's a ghabhas.



cuspair

Cuspair

8. Chan eil sgeul a-nis air Dòmhnaill, Jock, John D, Leanne no duine sam bith eile a bha anns an leabhar. Mìnich carson a tha seo freagarrach?



cànan

Cànan

9. Tagh eisimpleirean a tha a' sealltann sgilean sgriobhaidh sònraichte a chleachd an t-ùghdar. Mìnich carson a tha thu gam meas sin feumail.



Beachdachadh

Beachdachadh

10. Dè do bheachd air mar a tha an leabhar a' crìochnachadh?

A bheil e soirbheachail no nach eil?

Thoir adhbharan gus taic a chur ri do bheachdan.



Feuch aon cheist bhon liosta seo.

Bu chòir do fhreagairt a bhith mu 800 facal a dh'fhaid.

1. Sgrìobh lèirmheas air *Na Klondykers* le Iain F. MacLeod.

Anns an aiste, dh'haodadh tu bualachd air suidheachadh, prìomh charactaran, plot, cuspair(ean), cànan, mar a thug iad sin buaidh ort agus rud sam bith eile a tha freagarrach.

2. Tagh caractar agus seal mar a tha do bharail air/oirre ag atharrachadh tron sgeulachd.
Cleachd fianais bhon sgeulachd airson seo a dhaingneachadh.
3. Tagh caractar làidir. Smaoinich air cò às a tha an neart aca a'
- 4.
- 5.
6. tighinn? An ann à moraltachd no lèirsinn no daingneachd no dìlseachd a tha e a' tighinn?

Seall mar a tha an neart seo a' cur ri cuspair an leabhair air fad.

7. Mìnich mar a tha firinn is ficsean air am measgachadh anns Na Klondykers.

Beachdaich air mar a tha seo freagarrach airson nobhail Gàidhlig.

8. Coimhearsnachd Ghàidhealach san lath' an-diugh.



Obair A

Mus dealaich sinn ris Na Klondykers smaoinich air mar a chòrd an leabhar riut.

- A bheil thu riaraichte le deireadh na sgeòil? A bheil e cudromach gu bheil deireadh toilichte ann?
- Smaoinich air rudan ùra sam bith a dh'ionnsaich thu?
- An tug an sgriobhadair ort smaoineachadh air cuspair sam bith ann an doigh ùr?
- Smaoinich air na sgilean sgrìobhaidh seo: Cànan, Còmhradh, Gnìomh, Àbhachd, Caractaran, Teannachadh, Cuspair, Suidheachadh, Lèirsinneachd, ìomhaigheachd.

Cleachd na puingean gu h-àrd airson òraid ghoirid ullachadh dhan chlas no dhan tidsear airson innse mar a chòrd an leabhar riut. Bu chòir dhut bruidhinn airson mu 3-4 mionaidean.

Obair B

Thoir òraid mu aon de na cuspairean a leanas agus, an uair sin, gabh páirt ann an còmhradh mu dheidhinn.

Bidh an deuchainn seo mu shia mionaidean a dh'fhaid.

1. Tha iomadh gnìomhachas, laghail is mi-laghail, a' nochdadh anns *Na Klondykers*. Bruidhinn mu ghnìomhachas san sgìre agad fhèin agus thoir iomradh air buaidh a' gnìomhachais air an sgìre agad.
2. "Amadain! Nam faigheadh iad a-mach às a seo, cha dèanadh e a leithid a-rithist."

Inns sgeulachd mu shuidheachadh far an do dh'fhairich thu fhèin an dearbh rud seo.

3. Poilitigs san dùthaich seo an-dràsta.

